Nathair Alastair

An teacsa Robina Beckles Willson
Na dealbhan Diana Catchpole
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Bha Alastair ag iarraidh peata nathrach.
"Tha mi ag iarraidh nathair," thuirt e ri Mamaidh.
"Chan fhaigh thu peata nathrach,"
thuirt Mamaidh.
"Nis caidil."

Chaidil Alastair.
Chunnaic e nathair na chadal.
"Nì thu peata math dhomh,"
thuirt Alastair.

Chuir Alastair Nathair air sèithear.
Chuir e air a bhròg an.
"Feumaidh mise falbh dhan sgoil a-nis,"
thuirt e ri Nathair.
"Cluichidh mi còmhla riut
nuair a thig mi dhachaigh."

Chaidh Alastair sìos an staidhre
ach chan fhaca e idir Nathair
a' tighinn sìos às a dhèidh.

Bha Mamaidh sa chidsin.
"Cuir ort do chòta Alastair."
"Feumaidh sinn falbh a-nis," thuirt i.

Ach chan fhaca Alastair Nathair
a' dol a phòcaid a chòta.

Dh'fhalbh iad uile dhan sgoil,
Alastair agus Mamaidh agus Nathair.

Chroch Alastair a chòta.



Thàinig Nathair a-mach às a' phòcaid airson coimhead mun cuairt.

"Dè tha siud?" dh'fhaighnich an tidsear.
"Sin am peata nathrach agam," ars Alastair.
"Cha robh fios agam gun tàinig i còmhla rium dhan sgoil."

"Chan fhaod nathair a bhith an seo,"
thuirt an tidsear. "Feumaidh sinn a glacadh
agus a cur ann am bogsa."
Dh'fheuch Alastair ri Nathair a ghlacadh
ach chaidh i dhan chlasrum.

"Feumaidh sibh uile cuideachadh
a' lorg na nathrach," thuirt an tidsear
ris a' chloinn.

Choimhead a' chlann anns a h-uile àite san rum. Choimhead iad fo na bùird, fo na sèithrichean agus air na sgeilpean. Ach cha do lorg iad Nathair.

"Chan eil nathair Alastair an seo,"
thuirt an tidsear.
"Thèid sin a choimhead san raon-chluiche."

Bha Alastair a' cur air a chòta.
Chuir e a làmh na phòcaid.
Dè bha sin ach Nathair!
"Tha thu agam a-nis!" ars Alastair.

Ach leum Nathair a-mach à làimh Alastair agus chaidh i a-null chun an tidseir.
"Stad!" dh'èigh Alastair.

Sa mionaid sin dhùisg Alastair.

"Chan eil mi ag iarraidh peata nathrach a-nis," thuirt e.

Thog e an dèideag nathrach aige fhèin.

"Ach is toil leam thusa, thuirt e."